

| | |
|---|---|
| Abandoning | trèigsinn (n f) |
| Able-bodied | tapaidh (adj) |
| <i>it is claimed some able-bodied people are happier to rely on benefits rather than work</i> | <i>canar gu bheil cuid de dhaoine tapaidh nas toilichte a bhith beò air sochairean seach a bhith ag obair</i> |
| Abortion | casg-breith (n m) |
| Absenteeism | neo-làthaireachas (n m) |
| Absolute poverty | cruaidh-bhochdainn (n f) |
| Abuse | droch-dhiol (n m) |
| Access to . . . | cothrom air . . . (n phr) |
| <i>access to adequate housing</i> | <i>cothrom air taigheadas freagarrach</i> |
| <i>without access to health care</i> | <i>gun chothrom air cùram-slàinte</i> |
| Accompanying, along with | an cois, còmhla ri, cuide ri (prep phr) |
| Accompanying them/along with them | nan cois, còmhla riutha, cuide riutha (prep phr) |
| According to, relative to | a rèir (adv) |
| Account | cunntas (n m) |
| Accurate | mionaideach (adj) |
| Accusation | casaid (n f) |
| Accused (adj) | fo chasaid (adj phr) |
| Accusing | a' cur às leth (vb phr) |
| Achieve | coilean (vb) |
| Achieving | coileanadh (n m) |
| Act (of parliament) | achd (n m) |
| Act/action/deed | gnìomh (n m), obair (n f) |
| <i>many horrible deeds were witnessed in the war</i> | <i>chunnacas iomadh gnìomh oillteill sa chogadh</i> |
| <i>action speaks louder than words</i> | <i>beul a labhras ach 's e gnìomh a dhearbhas</i> |
| Action (industrial) | iomairt (n f) |
| <i>taking action for better working conditions</i> | <i>ag iomairt airson cùmhnantan-obrach nas fheàrr</i> |

| | |
|--------------------------------------|--|
| Action group | buidheann-gnìomha (n m) |
| Action, more | barrachd ga dhèanamh (n phr) |
| <i>wanting to see more action</i> | <i>ag iarraidh barrachd fhaicinn ga dhèanamh</i> |
| Active | gnìomhach (adj) |
| Active learning | ionnsachadh gnìomhach (n phr) |
| Active/able bodied | tapaidh (adj) |
| Advantage, taking | gabhail brath air (vb phr) |
| Addicted | fo ghrèim (adj phr) |
| <i>he is addicted to heroin</i> | <i>tha e fo ghrèim heroin</i> |
| <i>she became addicted to heroin</i> | <i>fhuair heroin grèim oirre</i> |
| Addiction | adicsean (n m) |
| Addiction clinic | clionaig adicsean (n phr) |
| Addictive | adicseanach (adj) |
| Additional Member System | Siostam Bhòtaidh Ball a Bharrachd |
| Administration | rianachd (n f) |
| Administrator | neach-rianachd (n m) |
| Adoption (of child) | uchd-mhacachd (n f) |
| Adult literacy | litearrachd inbheach (n phr) |
| Advantage | buannachd (n f) |
| Advert | sanas (n m) |
| Advertising | sanasachd (n f) |
| Advice | comhairle (n f), stiùireadh (n m) |
| Adviser/advisor | neach-comhairleachaidh (n m) |
| Affecting | toirt buaidh air (vb phr) |
| Age/life expectancy | dùil-aoise (n f) |
| Agency | àidseantsaidh (n f) |
| Agent | àidseant (n m) |
| Aggressive | ionnsaigheach (adj) |
| Agreement | aonta, rèiteach (n m), rèite (n f) |
| Aid | cobhair (n f) |

| | |
|--------------------------------------|---|
| Aim/objective | amas (n m) |
| Alcohol consumption rates | ìrean òl alcol (n phr) |
| Alcoholism | alcolachd (n f) |
| Alienated | aonranach (adj) |
| Alliance/pact/federation | caidreachas (n m) |
| Ambassador | tosgaire (n m) |
| Ambitious | àrd-amasach (adj) |
| Amenity | goireas (n m) |
| Amnesty | aimneastaidh (n f) |
| Anaesthetic | anaisteach (n f) |
| Annoyed/indignant | diombach (adj) |
| Antisemitism | gràin-lùdhach (n f) |
| Anti-social Behaviour Orders (ASBOs) | Òrduighean Modh Mì-shòisealta |
| Anti-social behaviour | modh mì-shòisealta (n phr) |
| Anxiety | iomagain (n f), uallach, cùram (n m) |
| App(s) | App(an) (n m) |
| Apparent | follaiseach (adj) |
| Appeal (against decision/sentence) | ath-thagradh (n m) |
| Appealing (a sentence) | dèanamh ath-thagradh, ag ath-thagradh (vb phr) |
| Appear | nochd (vb) |
| Appetite | sannt (n m), càil (n f) |
| Application form | foirm-iarrtais (n m) |
| Application | iarrtas (n m) |
| Apply | cleachd (vb), cuir an gnìomh (vb phr) |
| <i>apply the rules fairly</i> | <i>cleachd na riaghailtean gu cothromach</i> |
| | <i>cuir na riaghailtean an gnìomh gu cothromach</i> |
| Apply for | cuir a-steach (tagradh) airson (vb phr) |
| Appoint | cuir (ann) an dreuchd (vb phr) |
| Apprentice | preantas (n m) |
| Apprenticeship | preantasachd (n f) |

| | |
|------------------------------------|---|
| Appropriate | iomchaidh (adj) |
| Approximate | tuairmseach (adj) |
| Approximation | tuairmse (n f) |
| Area of deprivation | sgìre easbhaidheach (n phr) |
| Area | raon (n m), sgìre (n f) |
| Argyll and Bute | Earra-Ghàidheal is Bòd |
| Arms embargo | bacadh armachd (n phr) |
| Arrangement | ullachadh (n m) |
| Arrest | cuir an grèim (vb phr) |
| Arrested (bank account) | glaiste (adj) |
| Arrested/under arrest/in custody | an grèim (adj phr) |
| Arrestment of a bank account | glasadh cunntas banca (n phr) |
| As well as | a thuilleadh/bharrachd air, cho math ri (adv phr) |
| <i>as well as other advantages</i> | <i>a thuilleadh air buannachdan eile</i> |
| | <i>cho math ri buannachdan eile</i> |
| Aspiration | miann-adhartais (n m) |
| Assault | dochann (n m) |
| Assembly | seanadh (n m) |
| <i>Seanadh na Cuimrigh</i> | <i>Welsh Assembly</i> |
| Assessor | neach-measaidh (n m) |
| Assets | sealbhan (n pl) |
| Assignment | obair shònraichte (n phr) |
| Assistant chief constable | iar-àrd-chonstabal (n m) |
| Asthma | a' chuing (n f) |
| Asylum seeker | neach-siridh comraich (n phr) |
| Asylum seekers | luchd-siridh comraich (n phr) |
| Asylum/sanctuary | comraich (n f) |
| At best | air a' char as fheàrr (adj phr) |
| Attendance allowance | cuibhreann-frithealaidh (n m) |
| Attending meetings | a' frithealadh choinneamhan (vb phr) |

| | |
|-----------------------------------|---------------------------------------|
| Attending a protest/demonstration | a' togail fianais an aghaidh (vb phr) |
| Attention | aire (n f) |
| Attracting | tàladh (n m), tarraing (n f) |
| Austerity | teannas eaconamach (n phr) |
| Authority | ùghdarras (n m) |
| Average (adj) | cuibheasach (adj) |
| Average (n) | cuibheas (n m) |
| Ayrshire | Siorrachd Àir |
| Baby | leanabh, bèibidh (n m) |
| Back bencher | cùl-bheingear (n m) |
| Back benches | beingean-cùil (n pl) |
| Back pay | ais-phàigheadh (n m) |
| Bad aid | cobhair dhona (n phr) |
| Bad behaviour | mì-mhodh, droch-ghiùlan (n m) |
| Bad upbringing | droch thogail (n phr) |
| Bail | urras (n m) |
| <i>he was released on bail</i> | <i>fhuair e a-mach fo/air urras</i> |
| Balanced nutrition | beathachadh cothromach (n phr) |
| Balistic | bailiostaig (adj) |
| Ballot box | bogsa-baileit (n m) |
| Ballot | baileat (n m) |
| Banking/financial collapse 2008 | briseadh nam bancaichean 2008 (n phr) |
| Bankrupt | banca-briste (adj) |
| Bankrupt, became | bhris air (vb phr) |
| Bankruptcy | bristeachas-banca (n m) |
| Banning | toirmeasg (n m) |
| Barlinnie | Bàrr na Linne |
| Basic daily tasks | gnìomhan làitheil simplidh (n phr) |
| Basic needs | feumalachdan bunaiteach (n phr) |
| Basic rights | còraichean bunaiteach (n phr) |

| | |
|--|---|
| Beating up | dochann (n m) |
| Because of, as a result of | a thoradh, mar thoradh air (adv phr) |
| Behaviour | modh, giùlan (n m) |
| Bench | being (n f) |
| Benefit/advantage | buannachd (n f) |
| Benefit/welfare payment) | sochair (n f) |
| Benefits sanction | peanas-shochairean (n m) |
| Bestow/grant | builich (vb) |
| Better Life Index | Indeacs Cor-beatha nas Fheàrr |
| Bias | leiteachas (n m) |
| Bilateral aid | cobhair dhà-thaobhach (n phr) |
| Bill | bile (n m) |
| Binge drinking | gabhail smùid (n phr) |
| Biological weapons | armachd bhith-cheimigeach (n phr) |
| Biological | bith-eòlasach (adj) |
| Birth certificate | teisteanas-breith (n m) |
| Birth control | casg-gin (n m) |
| Blame | coire (n f) |
| <i>don't blame the weather</i> | <i>na cuir a' choire air an t-side</i> |
| Blaming | coireachadh (n f), a' cur coire air (vb phr) |
| <i>he was blamed for what happened</i> | <i>chaidh a choireachadh airson na thachair</i> |
| blood circulation | cuartachadh na fala (n phr) |
| Bodily/corporal | corporra (adj) |
| Bonus | bònas (n m) |
| Border (of country) | crìoch (n f) |
| Border Agency | Àidseantsaidh Crìochan na Dùthcha |
| Borough | borgh (n m) |
| Boroughs | borghan, buirgh (n pl) |
| Boundary | crìoch (n f) |
| Bowel | caolan (n m) |

she had an operation for bowel cancer *chaidh i fo lannsa airson aillse caolain*

| | |
|--------------------------------|--|
| Boycott | boidhcot (n m) |
| Boyfriend/girlfriend | leannan (n m) |
| Breaking and entering/burglary | briseadh a-steach (n phr) |
| Breast | broilleach (n m) |
| Breathing | analachadh (n m) |
| Bribe | brib (n f) |
| Briseadh na sìthe | breach of the peace (n phr) |
| Broadcasting Watchdog | Buidheann-faire Craolaidh |
| Broadsheet | pàipear-mòr (n m) |
| Building society | comann thogalach (n phr) |
| Bully | burraidh (n m) |
| Bullying | burraidheachd (n f) |
| Business | gnothachas (n m) |
| Business/non-domestic rates | reataichean-gnothachais (n pl) |
| By-election | fo-thaghadh (n m) |
| By-law | fo-lagh (n m) |
| Cabinet Secretary | Rùnaire a' Chaibineit |
| Call (a case in court) | gairm (n m) |
| Call for immediate action | iarraidh air rudan a dhèanamh gun dàil (n phr) |
| Campaign group | Buidheann-s(t)rì (n m) |
| Campaign | s(t)ri, iomairt (n f) |
| Cancer | aillse (n f) |
| Candidate | tagraiche (n m) |
| Cannabis | cainb (n f) |
| Canvassing | sireadh-taic, canbhasadh (n m) |
| Cap (on benefits etc) | càpa (n m) |
| Capitalism | calpachas (n m) |
| Capitalist (adj) | calpach (adj) |
| Capitalist (n) | calpaire (n m) |

| | |
|--|--|
| Cardiovascular system | siostam cuartachadh na fala (n phr) |
| Care home | taigh-cùraim (n m) |
| Carer's allowance | cuibhreann-neach-cùraim (n m) |
| Carers | luchd-cùraim (n m) |
| Cargo | bathar (n m) |
| Carpentry | saorsainneachd, carpantaireachd (n f) |
| Case study | cuspair-sgrùdaidh (n m) |
| Cartel | cartel (n m) |
| Cartels | cartelichean (n pl) |
| Catering trade/industry | gnìomhachas a' bhìdh (n phr) |
| Caught up in the moment | falbh leis an t-sruth (adj phr) |
| <i>in the riots, many had no intention to loot and were only caught up in the moment</i> | <i>anns na h-ùpraidhean, cha robh goid idir fa-near do mhòran 's cha robh iad ach ach a' falbh leis an t-sruth</i> |
| Cause of distress | adhbhar àmhghair (n phr) |
| Ceasefire | fois-cogaidh (n f) |
| Ceasing/letting up | lasachadh (n m) |
| Cell (prison) | cealla (n m) |
| Census | cunntas-sluaigh (n m) |
| Certificate | teisteanas (n m) |
| Certified Normal Accommodation | Àireamh Dhearbhte Luchd-fuirich |
| Challenge | dùbhlán (n m) |
| Chamber of Commerce | Seòmar Malairt |
| Chancellor | seansalair (n m) |
| Characteristic | feart (n m) |
| Charge (legal) | casaid (n f) |
| Charge (monetary) | cìs (n f) |
| Charged (in law) | fo chasaid (adj phr) |
| Charity | carthannas (n m) |
| Cheat | meall (vb), thoir car às (vb phr) |

| | |
|-----------------------------------|---|
| Checklist | liosta-dearbhadh (n m) |
| Chief executive | àrd-oifigear (n m) |
| Child credit | creideas-chloinne (n m) |
| Child | duine-cloinne, neach-cloinne, pàisd (n m) |
| Children's development | adhartas chloinne (n phr) |
| Children's Hearing System | Siostam Cùis-lagha na Cloinne |
| Children's Hearings System | Siostam Èisteachd na Cloinne |
| Children's home | dachaigh chloinne (n phr) |
| Children's Panel | Pannal na Cloinne |
| Children's rights | còraichean chloinne (n phr) |
| Choice | roghainn (n f), taghadh (n m) |
| Cirrhosis (liver disease) | tinneas a' ghrùthain (n phr) |
| Citizen | saoranach (n m) |
| Citizenship | saoranachd (n f) |
| Citizens Advice Bureau | Buidheann Comhairleachaidh a' Phobail |
| Civil unrest | an-fhois chatharra (n phr) |
| Civil war | cogadh catharra (n phr) |
| Civil | catharra (adj) |
| Civilised | sìobhalaichte (adj) |
| Claimant commitment (re benefits) | dleastanas neach-tagraidh (n phr) |
| Clear up rate (police) | reat fuasglaidh (n phr) |
| Close to | dlùth ri, faisg air (adj phr) |
| Coalition | co-bhanntachd (n f) |
| Cocaine | cocaine, coicèin (n m) |
| Co-efficient | co-èifeachd (n f) |
| Cold Weather Payment | Sùim na Side Fhuair |
| Comfort | furtachd (n f) |
| Commander | comandair (n m) |
| Commentators | luchd-aithris (n m) |
| Commercial | coimeirsealta, malairteach (adj) |

| | |
|---|---|
| Commisioner | coimiseanair (n m) |
| Commitment | dealas (n m) |
| Committee | comataidh (n f) |
| Committee on Standards | Comataidh nam Modhannan/Inbhean |
| Commit to | aontaich ri, gabh ri, (vb phr), geall (vb) |
| <i>committing to take positive action</i> | <i>a' gealltainn ceumannan taiceil a ghabhail</i> |
| Committed | dealasach (adj) |
| Common | bitheanta (adj) |
| Common Fisheries Policy | Poileasaidh Coitcheann an Iasgaich |
| Commonwealth | co-fhlaitheas (n m) |
| Communication/conversation | conaltradh (n m) |
| Community Payback Order | Òrdugh Ath-dhiolaidh Coimhearsnachd |
| Community policing | obair-poilis sa choimhearsnachd (n phr) |
| Community sentence | binn-coimhearsnachd (n f) |
| Community | coimhearsnachd (n f) |
| Compare | coimeas (vb), dèan coimeas eadar/air . . . (vb phr) |
| Compared with/to | an taca ri, an coimeas ri (prep phr) |
| Comparison | coimeas (n m) |
| Compassionate | truasail (adj) |
| Compensation | dìoladh (n m) |
| Complaint | gearan (n m), casaid (n f) |
| Complete (vb) | coilean, crìochnaich (vb) |
| Complete (adj) | coileanta (adj) |
| Complex | ioma-fhillte (adj) |
| Complicated | toinnte (adj) |
| Composition of the House of Lords | ballrachd Taigh nam Morairean (n phr) |
| Compressed | dùthaichte (adj) |
| Compulsory | reachdach, èigneachail (adj) |
| <i>compulsory education</i> | <i>foghlam reachdach</i> |

| | |
|---|--|
| <i>compulsory voting</i> | <i>bhòtadh reachdach</i> |
| <i>compulsory purchase</i> | <i>ceannachd èigneachail</i> |
| Concession | gèilleadh (n m) |
| Conclusion | co-dhùnadh (n m) |
| Conduct | giùlan (n m) |
| Conference | co-labhairt (n f) |
| Confidence | misneachd (n f) |
| Conflict resolution | rèiteach-còmhstri (n m) |
| Conflict | còmhstri (n f), cogadh (n m) |
| Conflict, areas of | sgìrean cogaidh (n phr) |
| Connected to | buntainn do/ri, co-cheangailte ri (adj phr) |
| Connected/related (adj) | buntainneach (adj) |
| Connection/relationship | dàimh (n f), co-cheangal, buintealas (n m) |
| Consequence | buil (n f) |
| <i>tha a buil ri fhaicinn</i> | <i>its consequence/effect can be seen</i> |
| Consistent | co-sheasmach (adj) |
| Conspiracy | cuilbheairt (n f) |
| Constant | cunbhalach (adj), gun lasachadh (adj phr) |
| <i>constant rate</i> | <i>reat cunbhalach</i> |
| <i>constant support</i> | <i>taic gun lasachadh</i> |
| Constituent/s | neach-taghaidh/luchd-taghaidh (n m) |
| Constituency | roinn-pàrlamaid (n f) |
| Constitution | bun-reachd (n m) |
| Consultant (medical) | àrd-d(h)otair (n m) |
| Consumers | luchd-caitheimh/ceannaich, luchd-cleachdaidh (n m) |
| Contact with, in | a' cumail suas ri (vb phr) |
| <i>he was in contact with criminals</i> | <i>bha e a' cumail suas ri eucoraich</i> |
| Contraction/tightening | teannachadh (n m) |
| <i>credit squeeze</i> | <i>teannachadh creideis</i> |
| Content | na tha ann de . . . (n phr) |

sugar content in drinks

na tha de shiùcar ann an deochan

na tha ann an deochan de shiùcar

| | |
|---------------------------------------|-----------------------------------|
| Continent | mòr-thìr (n f) |
| Contract lifetime/duration | ùine cùmhnaint (n phr) |
| Contract | cùmhnant (n m) |
| Control/discipline | smachd (n m) |
| Control/order | rian (n m) |
| Controversial | connspaideach (adj) |
| Convention on the Rights of the Child | Cùmhnant Còraichean na Cloinne |
| Convention/meeting | còmhdhail (n f) |
| Convicting | diteadh (n m) |
| Cooperation | co-obrachadh (n m) |
| Co-ordinated | co-òrdanaichte (adj) |
| Corporal punishment | peanas-corparra (n m) |
| Corporate (bodily) | corporra (adj) |
| Corporation (eg Glasgow Corporation) | corporaid (n f) |
| Corrupt | coirbte (adj) |
| Council housing estate | ionad-taigheadais-comhairle (n m) |
| Council official | oifigear-comhairle (n m) |
| Council | comhairle (n f) |
| Councillor | comhairliche (n m) |
| Counterfeit goods (n phr) | feall-bhathar (n m) |
| Countering/preventing terrorism | bacadh ceannairc (n phr) |
| Counting centre (elections) | ionad-cunntais (n m) |
| Couple | càraid (n f) |
| Courage | misneachd (n f) |
| Court case | cùis-cùirte (n f) |
| Covenant | cùmhnant (n m) |
| Cradle | creathall (n f) |

from the cradle to the grave

bhon chreathaill gu beul na h-uaghach

| | |
|---|---|
| Credit | creideas (n m) |
| Credit card | cairt-creideis (n f) |
| Credit crunch | staing-creideis (n f) |
| Credit to them for . . . | tha iad rim moladh airson . . . |
| Credit squeeze | teannachadh-creideis (n m) |
| Credit to, a | na chliù/adhbhar cliù do |
| <i>fair elections are a credit to democracy</i> | <i>tha taghaidhean cothromach nan (adhbar) cliù do dheamocrasaidh</i> |
| Crime | eucoir (n f) |
| Criminal (n, adj) | eucorach (n m) |
| Criminal damage | milleadh eucorach (n phr) |
| Criminal Justice and Licensing Act | Achd airson Ceartas Eucorach agus Ceadachadh |
| Criminal Justice Social Work | Obair Shòisealta a' Cheartais Eucoraich |
| Criminal Justice System | Siostam a' Cheartais Eucoraich |
| Criminal justice | ceartas eucorach (n phr) |
| Criminal responsibility | uallach airson eucoir (n phr) |
| Criminology | eucoir-eòlas (n m) |
| Criminology | eucorachd (n f) |
| Crisis grant | grant-èiginn (n m) |
| Crisis | èiginn (n f) |
| Crisis/disaster relief | taic-èiginn (n f) |
| Criteria | slatan-tomhais (n pl) |
| Critical | èiginneach (adj) |
| Criticise | càin (vb) |
| Criticism | càineadh, dì-mholadh (n m) |
| Critics | luchd-càinidh (n m) |
| Crown Prosecution Service | Seirbheis Casaid a' Chrùin |
| Crucial | deatamach (adj) |
| Cultural services | seirbheisean cultarach (n phr) |
| Currently | an-dràsta (adv), aig an àm seo (adv phr) |

| | |
|--|---|
| Curfew | casg-imeachd (n m) |
| Customs duty | cis-cusbainn (n f) |
| Cycle of re-offending | cearcall na h-eucoir (n phr) |
| Cycle of unemployment | cearcall-gun-obair (n m) |
| Dame | baintighearna (n f) |
| Danger/disaster | gàbhadh (n m) |
| <i>natural disasters like earthquakes</i> | <i>gàbhaidhean nàdarra mar chrithean-talmhainn</i> |
| Death penalty | peanas-bàis (n m) |
| Death rate | reat bhàsan (n phr) |
| Death sentence | binn-bàis (n f) |
| Debate | deasbad (n m) |
| Debt cancelling/relief | dubhadh fhiachan (n phr) |
| Debts | fiachan (n pl) |
| <i>he is in debt to the bank</i> | <i>tha e ann am fiachan ris a' bhanca</i> |
| Decade | deichead (n m) |
| Deceiving them, cheating them | a' toirt an car asta (vb phr) |
| Deceptive/cheating | meallta (adj) |
| Decide | cur romhad (vb phr) |
| Deceive | meall (vb) |
| Decision | co-dhùnadh (n m) |
| Decline | crìonadh, lùghdachadh (n m) |
| Decommissioning | dì-choimiseanadh (n m) |
| <i>companies are required to decommission their oilrigs when they become redundant</i> | <i>feumaidh companaidhean na cruinn-ola aca a dhì-choimiseanadh nuair nach eil iad tuilleadh gu feum dhaibh</i> |
| Decorating | sgeadachadh (n m) |
| Decriminalise | dì-eucoirich (vb) |
| <i>Spain decriminalised the use of drugs such cannabis</i> | <i>dhì-eucoirich an Spàinn cleachdadh dhrogaichean mar chainb</i> |
| Deed | gnìomh (n m) |

| | |
|--|--|
| <i>he witnessed many horrible deeds</i> | <i>chunnaic e iomadh gnìomh oillteil</i> |
| Defamation | cliù-mhilleadh (n m) |
| Defect | easbhaidh (n f) |
| <i>cha robh am poileasaidh gun easbhaidh</i> | <i>the policy was not without defect</i> |
| Defence | dìon (n m) |
| <i>defending their own interests</i> | <i>a' dìon am math fhèin</i> |
| Defiance of, in | gun taing do (adv phr) |
| <i>gun taing don rabhadh</i> | <i>in defiance of the warning</i> |
| Deficit | easbhaidh (n f) |
| easbhaidh malairt | trade deficit |
| Deindustrialisation | dì-ghnìomhachasadh (n m) |
| Delay | dàil (n f) |
| Delivering | libhrigeadh (n m) |
| <i>a' libhrigeadh seirbheis speisealta</i> | <i>delivering a specialist service</i> |
| Delivering sentence, giving verdict (in court) | a' toirt a-mach binn |
| <i>bha an diùraidh a' beachdachadh fad dà latha mus tug iad a-mach am binn</i> | <i>the jury deliberated for two whole days before delivering their verdict</i> |
| Delta | delta, dealta (n m) |
| Democratic Unionist Party | Am Partaidh Aonachdach Deamocratach |
| Demographics | structar-sluaigh (n m) |
| Demonise | deamhnaich (vb) |
| <i>he accused the BBC of demonising the strikers</i> | <i>chuir e às leth a' BhBC gun robh iad a' deamhnachadh an luchd-stailc</i> |
| Demonstration/public protest | togail fianais (n phr) |
| Demonstrators | luchd-togail fianais (n phr) |
| Denial | àicheadh (n m) |
| <i>he is denying</i> | <i>tha e ag àicheadh/a' dol às àicheadh</i> |
| Dense (as per forest/population) | dlùth, dùmhail (adj) |
| <i>some districts of the city were densely populated</i> | <i>bha sluagh dùmhail ann an cuid de sgìrean sa bhaile</i> |
| Dental health | slàinte-fhiaclan (n f) |

| | |
|--|---|
| Dentistry | fiacaireachd (n f) |
| Department | roinn (n f) |
| Dependent on | an eisimeil, an urra ri (adj) |
| tha mòran sheann daoine an urra rin nàbaidhean | many elderly are dependent on their neighbours |
| Depositing | tasgadh (n m) |
| Depreciation | ìsleachadh luach, call luach (n phr) |
| Depressingly/sadly | gu duilich (adj phr) |
| Depression (economic) | ìsleachadh (n m) |
| Depression | trom-inntinn (n f) |
| Deprivation | easbhaidh (n f) |
| <i>gu tric, bidh easbhaidh fhiosaigeach an cois easbhaidh shòisealta</i> | <i>often, material deprivation accompanies social deprivation</i> |
| Deputy chief constable | leas-àrd-chonstabal |
| Deputy First Minister | Leas-phrìomh mhinistear |
| Deputy Minister | Leas-mhinistear |
| Deposit (buying) | àirleas (n m) |
| Deserting | trèigsinn (n f) |
| Deserving of | airidh air (adj phr) |
| <i>tha iad airidh air am moladh</i> | <i>they deserve praise</i> |
| Desire | miann, sannt (n m) |
| Despite | gun taing do, a dh'aindeoin, ge b' oil le |
| <i>chaidh a dhèanamh gun taing don luchd-gearain</i> | <i>it was done despite the complainants</i> |
| Destructive | sgriosail (adj) |
| Detached house | taigh dealaichte (n phr) |
| Detailed | mionaideach (adj) |
| Detonator | ball-spreadhaidh (n m) |
| Devastating | sgriosail (adj) |
| Developed country | dùthaich leasaichte (n phr) |
| Developing country | dùthaich fo leasachadh (n phr) |

| | |
|--|--|
| Developing | leasachadh (n m) |
| Devolution | tiomnadh-chumhachdan/fèin-riaghladh (n m) |
| Devolved power | cumhachd thiomnaichte (n phr) |
| Devolved | tiomnaichte (adj) |
| Diabetes | diablotas (n m), tinneas an t-siùcair (n phr) |
| Dictator | deachdaire (n m) |
| Dictatorship | deachdaireachd (n f) |
| Diet | daithead (n f) |
| Difficulty/predicament | staing (n f) |
| Dignity | uaisleachd (n f) |
| Diligence/best effort | dìcheall (n m) |
| Diplomatic | dioplòmasach (adj) |
| Dire need | cruaidh-fheum (n m) |
| Direct democracy | deamocrasaidh dìreach (n phr) |
| Director | stiùiriche (n m) |
| Disability Living Allowance | Cuibhreann-bith-beò Chiorramach |
| Disability | ciorram (n m) |
| Disadvantage | mì-chothrom, anacothrom (n m), eas-bhuannachd (n f) |
| <i>no pupil will suffer disadvantage</i> | <i>chan fhuiling sgoilear sam bith anacothrom</i> |
| <i>name 3 disadvantages of Brexit</i> | <i>ainmich 3 eas-bhuannachdan de Bhrexit</i> |
| Disaffection | cion diù (n phr) |
| Disagreement | eas-aonta (n m) |
| Discipline | smachd (n m) |
| Discord | eas-aonta (n m) |
| Discount | lasachadh n m) |
| Discredit (vb) | mì-chliùthaich (vb) |
| Discretionary Housing Payments | Sùimean Taigheadais fo Ùghdarras |
| Discretionary | fo ùghdarras (adj phr) |
| Discrimination | leth-bhreith (n f) |

| | |
|---|--|
| Discriminatory | leth-bhreitheach (adj) |
| Disease | galar (n m) |
| Disgrace | maslachadh (n m) |
| Disgraceful | maslach (adj) |
| Dishonesty | eas-onair (n m) |
| Disorder | mì-rian (n m) |
| Dispatch box | bogsa nan òraidean (n phr) |
| Disproportionate | mì-chuimseach, neo-chuimseach (adj) |
| Disrespecting | a' dèanamh tàir (vb phr) |
| Distress (emotional) | àmghar (n m) |
| Distress (emergency) | èiginn (n f) |
| District Court | Cùirt Sgìre |
| Diverse area (eg urban + rural) | sgìre mheasgaichte (n phr) |
| Division | roinn (n f) |
| Divorce | sgaradh-pòsaidh (n m) |
| Domestic rates | reataichean-dachaigheil (n pl) |
| Domestic Violence Disclosure Scheme | Sgeama Foillseachaidh airson Ainneart san Dachaigh |
| Domestic work/duty | obair-dhachaigheil (n f) |
| Dominance | mòr-chumhachd (n m), làmh an uachdair (n phr) |
| <i>as a result of the SNP's dominance in parliament</i> | <i>mar thoradh air làmh an uachdair/a' mhòr-chumhachd a bhith aig an SNP sa phàrlamaid</i> |
| Dominant party, the | am partaidh as treasa/as làidire (n phr) |
| Dressed well/well dressed | spaideil (adj) |
| Drinker | neach-òil (n m) |
| Driving out | sgiùrsadh (n m) |
| Drought | tiormachd (n f), tart (n m) |
| Drumchapel | Druim a' Chaibeil |
| Dumfries | Dùn Phris |
| Duty | dleastanas (n m) |
| <i>she has an important role to play</i> | <i>tha dleastanas cudromach aice ri choileanadh</i> |

| | |
|--|---|
| Eagerness | dealas (n m) |
| Early intervention | eadar-theachd tràth (n phr) |
| Earning | cosnadh (n m) |
| Earthquake | crith-thalmhainn (n f) |
| East Dunbarton | Dùn Breatann an Ear |
| Economic climate | suidheachadh eaconamach (n phr) |
| Economic recession | crìonadh eaconamach (n phr) |
| Economics | eaconamachd (n f) |
| Economising | cùmhnadh, caomhnadh (n m) |
| Economy | eaconamaidh (n f) |
| Ecstasy | ecstasy, eacstasaidh (n f) |
| Educational Maintenance Allowance | Cuibhreann-taic Foghlaim |
| Effect | buaidh, buil, èifeachd (n f) |
| Effectiveness | èifeachdas (n m) |
| Elderly, the | daoine aosta, seann daoine (n phr) |
| Election result | toradh (an) taghaidh (n phr) |
| Election | taghadh (n m) |
| Electoral Reform Bill | Bile Ath-leasachaidh nan Taghaidhean (Coitcheann) |
| Electoral region (Scotland) | mòr-roinn-pàrlamaid/ mòr-roinn-taghaidh (n phr) |
| <i>there are 8 electoral regions in Scotland and each is represented by 7 list members of parliament</i> | <i>tha ochd mòr-roinnean-pàrlamaid ann an Alba agus tha seachdnar bhall-pàrlamaid liosta a' riochdachadh gach aoin dhiubh</i> |
| Electronic communications | brathan-dealain (n pl), conaltradh-dealain (n m) |
| Eligible for | airidh air (adj phr) |
| e-mail | post-d, post-dealain (n m) |
| Embassy | ambasaid (n f) |
| Embezzlement | mèirle-maoin (n f) |
| Emergency department | roinn-èiginn (n f) |
| Emergency relief | cobhair-èiginn (n f) |
| Emergency supply (food banks) | baga-èiginn (n m) |

| | |
|--|--|
| Emergency | èiginn (n f) |
| Emigrant | às-imriche (n m) |
| Emigration | às-imrich (n f) |
| Emotional | faireachail (adj) |
| Employer | neach-fastaidh (n m) |
| Employers | luchd-fastaidh (n m) |
| Employing | fastadh (n m) |
| Employment rights | còraichean-cosnaidh (n pl) |
| Employment Support Allowance | Cuibhreann-taic Cosnaidh |
| Employment | cosnadh (n m), obair (n f) |
| Encouraging | brosnachadh (n m) |
| Encrypted | crioptaichte (adj) |
| Encyclopedia | leabhar mòr-eòlais (n phr) |
| Enforce | cuir-an-gnìomh (vb) |
| Engineering | einnseanearachd (n f) |
| Engine room | cridhe-gnìomha (n m) |
| <i>the committees are the engine room of the Scottish Parliament</i> | <i>is iad na comataidhean cridhe-gnìomha Parlamaid na h-Alba</i> |
| Enhance | neartaich (vb), cuir ri (vb phr) |
| <i>to enhance the service</i> | <i>airson an t-seirbheis a neartachadh</i> |
| <i>this will enhance the present service</i> | <i>cuiridh seo ris an t-seirbheis a tha againn mar-tha</i> |
| Enticing | tàladh (n m) |
| Entitled to | airidh air (adj phr) |
| Environment | àrainneachd (n f) |
| Environmental | àrainneachdail (adj) |
| Envoy | tosgaire (n m) |
| Epidemic | plàigh (n f) |
| Equal opportunities | co-ionannachd chothroman (n phr) |
| Equality | co-ionannachd (n f) |
| Equality Act | Achd na Co-ionannachd |

| | |
|---|--|
| Equality and Human Rights Act | Achd na Co-ionannachd agus nan Còraichean Daonna |
| Escape route | slighe-teichidh (n f) |
| Essential | riatanach (adj) |
| Essential services | seirbheisean riatanach (n phr) |
| Established/fixed | stèidhichte (adj) |
| Establishing | stèidheachadh (n m), cur air chois (n phr) |
| Esteemed/respected | spèiseil (adj) |
| Estimate (n) | tuairmse (n f) |
| Estimate (v) | thoir tuairmse air (vb phr), tuairmsich (vb) |
| Estimated | air a mheas, a rèir tuairmse (adj phr) |
| Ethnic minority | mion-chinneadh (n m) |
| Ethnic | cinnidheach (adj) |
| Ethnic diversity | iomadachd chinnidheach (n phr) |
| Euro(s) | lùro(than) (n f) |
| European and External Relations Committee | Comataidh Eòrpach is Dhàimhean Taobh-a-muigh |
| European Convention on Human Rights | Cùmhnant Eòrpach nan Còraichean Daonna |
| European Economic Community | Coimhearsnachd Eaconamach na h-Eòrpa |
| European Single Market | Margadh Shingilte na h-Eòrpa |
| Evaluate | dèan meas air (vb phr) |
| Evaluation | luachadh (n m) |
| Eventually, at the end of the day | air a' cheann thall (adv phr) |
| Eviction | fuadach (n m) |
| Evidence evaluation | luachadh fianais (n phr) |
| Evidence | fianais (n f) |
| Evidence, giving | a' toirt fianais (vb phr) |
| Exaggeration | àibheiseachd (n f) |
| Examine | sgrùd (vb) |
| Excellent/outstanding | ionmholt, barraichte, sàr-mhath (adj) |
| Exchange | iomlaid (n f) |

| | |
|---|--|
| <i>in exchange for</i> | <i>mar iomlaid airson</i> |
| Excited | togarrach (adj) |
| Exclusion | às-dùnadh (n m) |
| Executive committee | comataidh-gnìomha (n f) |
| Executive, the Scottish | Riaghaltas na h-Alba |
| Exhibition | taisbeanadh (n m) |
| Exit poll | cunntas-bheachd aig ionadan-bhòtaidh (n phr) |
| Expansion | leudachadh (n m) |
| Expecting | sùileachadh(n m), an dùil (adj phr) |
| Expecting a child | an dùil ri leanabh (adj phr) |
| Expenditure | caiteachas (n m), cosgais (n f), na thathar a' cosg (n phr) |
| <i>the UK's defence expenditure</i> | <i>caiteachas na RA air dìon/na tha an RA a' cosg air dìon</i> |
| Expel | fuadaich (vb) |
| Experiencing | a' fulang, a' fiosrachadh (vb), a' cur eòlas air (vb phr) |
| <i>experiencing racial inequality</i> | <i>a' fulang neo-ionannachd chinneadail</i> |
| Explode | spreadh (vb) |
| Explosion | spreadhadh (n m) |
| Expression | labhairt (n f) |
| <i>freedom of expression/speech</i> | <i>saorsa-labhairt</i> |
| Expulsion | às-dùnadh (n m) |
| Extent | ìre (n f) |
| External assessment | measadh bhon taobh a-muigh (n phr) |
| Extreme | anabarrach (adj) |
| <i>extreme and disproportionate</i> | <i>anabarrach agus mì-chuimseach</i> |
| Extremist/fanatic | èiginneach (adj) |
| <i>terrorists are called extremists</i> | <i>canar èiginnich ri ceannaircich</i> |
| Face to face | aghaidh ri aghaidh (adj phr/adv phr) |
| Facility | goireas (n m) |
| Fact file | faidhle fiosrachaidh (n phr) |

| | |
|--|---|
| Fair (without bias) | cothromach (adj) |
| Fair hearing | èisteachd chothromach (n phr) |
| Fair tarde | malairt chothromach (n phr) |
| Faith/religion | creideamh (n m) |
| Falkirk | An Eaglais Bhreac |
| Fame | cliù (n m) |
| Famine | gort (n f) |
| Fanatic/extremist | èiginneach (n m) |
| Fat(s) | saill (n f) |
| <i>red meat has a high fat content</i> | <i>tha mòran saill ann am feòil dhearg</i> |
| Feature | feart (n m) |
| Federal | feadarail (adj) |
| Federation | caidreachas (n m) |
| Feedback | ais-bheachdan (n pl) |
| Feeding a habit | a' sàsachadh miann (vb phr) |
| <i>he would steal to feed his habit (drug)</i> | <i>ghoideadh e airson a mhiann a shàsachadh</i> |
| Field (of study, interest etc) | raon (n m) |
| Fife | Fìobha |
| Finance department | roinn an ionmhais (n phr) |
| Finance | ionmhas (n m) |
| Financial climate | suidheachadh ionmhasail (n phr) |
| Financial crisis, the | staing an ionmhais (n phr) |
| Financial sector | roinn ionmhasail (n phr) |
| Fine dodgers/non-payers | luchd-seachnaidh chàinteana (n phr) |
| Fine (monetary penalty) | càin (peanas-airgid) (n f) |
| Finland | Fionnlainn |
| Fire alarm | rabhadair-teine (n m) |
| Fire extinguisher | smàladair-teine (n m) |
| Fire safety | sàbhailteachd-teine (n f) |
| Fire-raising | tòiseachadh teine (n phr) |

| | |
|--|---|
| First Minister | Prìomh Mhinistear |
| First past the post (system) | an àireamh bhòtaichean as motha (siostam) (n phr) |
| Fire sprinkler | frasadair-smàlaidh/-teine (n m) |
| Fiscal (relating to revenue, especially taxes) | fiosgail (adj) |
| Fist | dòrn (n m/f) |
| Flexibility | sùbailteachd (n f) |
| Follow up (n) | ath cheum (n phr) |
| Food and Agriculture Organisation | Buidheann a' Bhìdh is an Àiteachais |
| Food Standards Scotland (FSS) | Inbhean Bìdh Alba (FSS) |
| Foreign | cèin (adj) |
| Foreign aid | cobhair chèin (n phr) |
| Foreigner | eilthreach (n m) |
| Forgery | meall-sgrìobhadh (n m) |
| Forth Valley | Srath Fhoirthe |
| Foster child | dalta (n m) |
| Foster family | teaghlach daltachd (n phr) |
| Foster home | dachaigh dhaltachd (n phr) |
| Foster parents | pàrantan-altraim (n pl) |
| Framework | frèam (n m) |
| Framework for action | frèam-gnìomha, plana-gnìomha (n m) |
| Franchise/right to vote | cead-bhòtaidh (n m) |
| Fraud | foill (n f) |
| Freedom | saorsa (n m) |
| Freedom of the press | saorsa mheadhanan/nam meadhanan (n phr) |
| Free elections | saor-thagaidhean (n pl) |
| Freedom of speech/expression | saorsa-labhairt (n f)/cead labhairt le saorsa (n phr) |
| Freestanding unit | aonad fa-leth (n phr) |
| Freezing/not increasing benefits | glasadh shochairan (n phr) |
| Frequent | bitheanta (adj) |
| Front bench | being-aghaidh (n f) |

| | |
|--|---|
| Frozen (bank account) | glaiste (adj) |
| Fuel poverty | bochdainn connaidh (n phr) |
| Fuel | connadh (n m) |
| Fulfill | coilean (vb) |
| Fulfilling | coileanadh (n m) |
| Full-time | làn-thìde (adj/adv) |
| Fundamental rights | bun-chòraichean (n pl) |
| Funding/finance | maoineachas (n m) |
| Funeral Expenses Payments | Sùimean Cosgais Tiodhlacaidh |
| Galloway | Gall-Ghàidhealaibh |
| Gang | gràisg (n f) |
| Gap year | bliadhna-a-mach (n f) |
| Gap | beàrn (n f/m) |
| Gender | gnè (n f) |
| Gender blind | gnè-dhall (adj) |
| <i>a system is gender blind if it does not allow for differences between different genders</i> | <i>tha siostam gnè-dhall mura bheil e ag aithneachadh dhiofaran eadar diofar ghnèithean</i> |
| Gender reassignment | tar-ghnèitheachadh (vb/n m) |
| General Assembly (churches) | Àrd-sheanadh (eaglaisean) (n m) |
| General Assembly (UN) | Seanadh Coitcheann (an UN) |
| General election | taghadh coitcheann (n phr) |
| Generally | san fharsaingeachd (adv phr) |
| Generating | a' cruthachadh (vb) |
| <i>tourism generates a good income</i> | <i>tha turasachd a' cruthachadh deagh teachd-a-steach</i> |
| <i>he is generating an income</i> | <i>tha e a' faighinn/a' cosnadh teachd-a-steach</i> |
| Generation | ginealach (n m) |
| Generational (in families) | tar-ghinealach (ann an teaghlaichean) (adj) |
| Generational cycle of unemployment | cearcall-gun-obair ann an teaghlaichean (n phr) |
| Generous | fialaidh (adj) |

| | |
|---|--|
| Genetic | ginteil (adj) |
| Genetic trait/characteristic | feart ginteil (n phr) |
| <i>genetic traits can lead people to commit crime</i> | <i>faodaidh feartan ginteil daoine a ghluasad gu eucoir a dhèanamh</i> |
| Genocide | sgrios-cinnidh (n m) |
| Gini coefficient | co-èifeachd Gini (n phr) |
| Glass ceiling (preventing promotion) | mullach-glainne (n m) |
| <i>a glass ceiling is an invisible obstacle that prevents groups of people from getting senior posts in professions</i> | <i>canar mullach-glainne ri cnap-starra nach gabh fhaicinn a bhios a' stad bhuidhnean bho faighinn gu mullach an dreuchdan</i> |
| Global/worldwide/world (adj) | cruinneil (adj) |
| Global economy | eaconamaidh chruinneil (n phr) |
| Global society | comann-sòisealta cruinneil (n phr) |
| Globalisation | cruinnealas (n m) |
| Glue | glaodh (n f/m) |
| Goal/objective | amas (n m) |
| Going with the flow | falbh leis an t-sruth (adj phr) |
| Good aid | cobhair mhath (n phr) |
| Good Friday Agreement | Aonta Dihaoine na Ceusta |
| Goods/products | bathar (n m) |
| Government benches | beingean an riaghaltas (n phr) |
| Government | riaghaltas (n m) |
| Grant/bestow | builich (vb) |
| Greed | sannt (n m) |
| Greenhouse emissions | gasaichean taigh-glainne (n phr) |
| Group task/work | gnìomh/obair buidhinn (n phr) |
| Growers | luchd-fàis (n m) |
| Guarantee/assurance | barantas (n m) |
| Guardian | neach-dion (n m) |
| Guilt | ciont (n m) |
| Guilty | ciontach (adj) |

| | |
|--|---|
| Gulf War | Cogadh a’ Chamais Mhòir |
| Hacking | hacadh (n m) |
| Handing over | sìneadh (n m) |
| Hard-line, taking a <i>taking a hard-line criminal stance to it</i> | a’ dèiligeadh gu cruaidh ri (vb phr) <i>a’ dèiligeadh gu cruaidh ris mar eucoir</i> |
| Hardship | cruadal (n m) |
| Harm reduction interventions (drugs) | eadar-theachdan beagachadh fèin-mhilleadh (n phr) |
| Hate crime | eucoir-gràin (n f) |
| Headline (news) | ceann-naidheachd (n phr) |
| Health | slàinte (n f) |
| Healthcare | cùram-slàinte (n m) |
| Healthy life expectancy | dùil-aoise-fhallain (n f) |
| Heap/a lot | meall (n m) |
| Heather burning | falaisg (n f) |
| Hereditary peer | morair oighreachail (n phr) |
| Heritage | dualchas (n m) |
| Heroin | heroin (n m) |
| High Court of Justiciary | Àrd-chùirt a’ Cheartais |
| Hinduism | Hinduthachd (n f) |
| Hip | cruachan (n m) |
| Hiring | fastadh (n m) |
| Hold to account for . . . <i>they must be held to account for . . .</i> | cùm cunntasach airson . . . (vb phr) <i>feumar an cumail cunntasach airson . . .</i> |
| Holiday pay | pàigheadh shaor-làithean (n phr) |
| Holland | An Òlaind |
| Holyrood(house) | Taigh an Ròid |
| Home Detention Curfew | Casg-imeachd bhon Dachaigh |
| Honour | urram (n m) |
| Horrible | oillteil, sgràthail (adj) |
| Hotspot | spot-theth (n f) |

| | |
|---------------------------------------|--|
| House of Commons | Taigh nan Cumantan |
| House of Lords | Taigh nam Morairean |
| House of Representatives | Taigh nan Riochdairean |
| Housing benefit | sochair taigheadais (n phr) |
| Housing | taigheadas (n m) |
| Human dignity | uaisleachd dhaonna (n phr) |
| Human rights | còraichean daonna (n phr) |
| Humanitarian aid | cobhair daonndachd/dhaonndachdail (n phr) |
| Hungary | An Ungar |
| Iceland | Innis Tìle |
| ID (identity data) | dearbhadh-aithneachaidh/ID (n m) |
| Identified | comharraichte, sònraichte (adj) |
| <i>solutions were identified</i> | <i>chaidh fuasglaidhean a chomharrachadh</i> |
| <i>an identified plan is required</i> | <i>tha feum air plana sònraichte</i> |
| Identity theft | mèirle dearbh-aithne (n phr) |
| Identity | dearbh-aithne (n f) |
| Ideology | ideòlas (n m) |
| Inherited trait | dualchas (n m) |
| Ill/sick person | euslainteach (n m) |
| Image | ìomhaigh (n f) |
| Immigrant | in-imriche (n m) |
| Immigration Removal/Detention Centre | Ionad-gleidhidh Luchd-imrich |
| Impact | buaidh, buil (n f) |
| <i>severe wide-ranging impact</i> | <i>buaidh mhòr ann an iomadh dòigh</i> |
| Impartial | neo-phàirteach (adj) |
| Imperative | deatamach (adj) |
| Implement | cuir an sàs (vb phr) |
| Impractical | neo-phractaigeach (adj) |
| Improving | leasachadh (n m) |
| In charge of | an urra ri (adj phr) |

| | |
|--|---|
| In need | ann an èis (adj phr) |
| Inaccurate information | fiosrachadh mearachdach (n phr) |
| Incident | tachartas (n m) |
| Inciting | brosnachadh (n m) |
| Inclined to | buailteach (adj) |
| Inclusive | in-ghabhaltach (adj) |
| Income | teachd-a-steach (n m) |
| Income support | taic teachd-a-steach (n phr) |
| Income tax | cìs-cosnaidh (n f) |
| Incontinent | neo-dhionach (adj) |
| Incontinence | neo-dhìonachd (n f) |
| Independent | neo-eisimeileach (adj) |
| Independence | neo-eisimeileachd (n f) |
| India | Na h-Innseachan |
| Indian | Innseanach (n m/adj) |
| Indignant/displeased | diombach (adj) |
| Indigenous/native | dùthchasach (adj) |
| <i>between 4 and 7 million of the peoples in the US are indigenous</i> | <i>tha eadar 4 is 7 millean den t-sluagh anns na SA dùthchasach</i> |
| Individually | fa leth (adj phr/adv phr) |
| Industrial Injury Benefit | Sochair Leòn-gnìomhachais |
| Industrial Injury Disability | Ciorram Leòn-gnìomhachais |
| Industrial Injury Disability Benefit | Sochair Ciorram Leon-gnìomhachais |
| Industrialisation | gnìomhachasadh (n m) |
| Inequality | neo-ionannachd (n f) |
| Infant mortality rate | reat-bhàsan leanaban (n phr) |
| Infant | leanaban, pàisd (n m) |
| Infantry | saighdearan-coise (n m) |
| Inflation (economic) | atmhorachd (n f) |
| Informal | neo-fhoirmeil (adj) |

| | |
|---|--|
| Informed choice | taghadh fiosraichte (n phr) |
| Inherited trait | dualchas (n m) |
| <i>inherited traits are passed down through generations</i> | <i>tha dualchasan air an aiseag bho ghinealach gu ginealach</i> |
| Inhumane | mì-dhaonna (adj) |
| Initiative/enterprise | iomairt (n f) |
| Innocent | neoichiontach (adj) |
| Install | cuir a-steach Vb phr) |
| <i>installing a stairlift</i> | <i>a' cur a-steach lioft-staidhre</i> |
| Instant coffee | grad-chofaidh (n m) |
| Institute for Fiscal Studies | Institiud airson Sgrùdaidhean Fiosgail |
| Institute of Public Policy Research | Institiud Rannsachadh Phoileasaidhean Poblach |
| Institute/institution | institiud (n f) |
| Insult/dispise (vb) | dèan tàire air . . . (vb phr) |
| Insurance | àrachas (n m) |
| Integrating | filleadh a-steach (n phr) |
| Integrated into society | air am filleadh a-steach don choman-shòisealta |
| Intelligence/good sense | tùr (n m) |
| Intelligence (secret knowledge/information) | èòlas-diomhair (n m), faisneis (n f) |
| <i>community police officers gather local intelligence</i> | <i>bidh oifigearan poilis sa choimhearsnachd a' tional eòlas-diomhair ionadail</i> |
| Intensive enforcement (of law) | dian-chleachdadh (lagha) (n m) |
| Interacting (with people/groups) | a' dol a mheasg (vb phr) |
| <i>they don't interact with others</i> | <i>cha bhi iad a' dol a mheasg dhaoine eile</i> |
| Interest (bank) | riadh (n m) |
| Interest rate (monetary) | ìre (an) rèidh (n phr) |
| Interests of workers | math an luchd-obrach (n phr) |
| <i>representing the interests of workers</i> | <i>a' dìon math an luchd-obrach</i> |
| Interim | eadar-amail (adj) |
| Interim force (UN) | feachd eadar-amail (UN) (n phr) |

| | |
|--|---|
| Internal assessment | in-mheasadh (n m) |
| International Emergency Relief | Cobhair-èiginn Eadar-nàiseanta |
| International Labour Organisation | Buidheann Eadar-nàiseanta na Fastachd |
| International organisations | buidhnean eadar-nàiseanta (n phr) |
| Intervene | dèan eadraiginn, theirig san eadraiginn, dèan eadar-theachd (vb phr) |
| France intervened in the conflict | chaidh an Fhraing san eadraiginn sa chòmhstri |
| Intervention | eadar-theachd (n m), eadraiginn (n f) |
| <i>self-harm reduction interventions</i> | <i>eadar-theachdan beagachadh fein-mhillidh</i> |
| Interview | agallamh (n m) |
| Introduce | thoir a-steach (vb phr), stèidhich (vb) |
| <i>they introduced new rules</i> | <i>thug iad a-steach riaghailtean ùra</i> |
| <i>income support was introduced</i> | <i>chaidh taic toirt-a-steach a stèidheachadh</i> |
| Invalid | euslainteach (n m) |
| Inverclyde | Inbhir Chluaidh |
| Investing | tasgadh (n m) |
| Investments | sealbhan-taisgte (n pl) |
| Involved/engaged in | an sàs ann (adv phr) |
| Irrespective of, despite | gun taing do (adv phr) |
| Islam | Islam (n m) |
| Islamach | Islamic (adj) |
| Issue | cùis, trioblaid (n f) |
| <i>cùis eadar-nàiseanta</i> | <i>an international issue</i> |
| <i>gangs were an issue</i> | <i>bha gràisgean nan trioblaid</i> |
| <i>he had social and economic issues</i> | <i>bha trioblaidean sòisealta agus eaconamach aige</i> |
| Islamophobia | gràin-Islamach (n f) |
| Job centre | ionad-obrach (n m) |
| Job cuts | gearraidhean obraichean (n phr) |
| Jobseeker's Allowance | Cuibhreann Jobseeker |
| Joiner | saor (n m) |

| | |
|------------------------------|--|
| Joinery | saorsainneachd (n f) |
| Judge (n) | britheamh/breitheamh (n m) |
| Judgement | breith (n f), breithneachadh (n m) |
| Jury | diùraidh (n m) |
| Justice | ceartas (n m) |
| Justice Minister | Ministear a' Cheartais |
